

B1

F I C E

FRÈAM IOMRAIDH CUMANTA EÒRPACH

Bruidhinn | Speaking

30 PUINGEAN | 30 POINTS [30%]



1. Ceist a h-Aon | Question One

[10 PUINGEAN]

Cumaidh an sgrùdaiche còmhraidh riut mu dheidhinn fhèin.

The examiner will make conversation to find out some information about you.

2. Ceist a Dhà | Question Two

[10 PUINGEAN]

Gheibh thu aithris naidheachd ghoirid agus cuiridh an sgrùdaiche ceistean ort mu deidhinn. Bidh trì mionaidean agad airson an aithris a leughadh agus an uair sin, cuiridh an sgrùdaiche ceistean ort mu deidhinn fad còig mionaidean.

You will receive a short news report and the examiner will ask you questions about this. You will have three minutes to look at the report first and then the examiner will ask you questions about it for five minutes.

Cùrsa ùr ann an Ceann a Deas nan Loch

Tha ionad coimhearsnachd ann an Leòdhas gu bhith a' cur air adhart cùrsa ùr Gàidhlig far am bi na h-oileanaich aig teas-meadhan na coimhearsnachd. Tha Co-chomunn na Pàirce air aontachadh Ionad Gob an Fhithich a chur gu feum airson cùrsa fad seachdain a bhios air a ruith ann an co-bhoinn le Colaiste a' Chaisteil.

Thathas a' dèanamh chlasaichean Ùlpan anns a' cholaiste mar-thà agus tha iad a' còrdadh gu mòr ris na daoine a tha a' dol ann. A-nis, le cuideachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, tha iad an dòchas sin a leasachadh agus a' stèidheachadh mar iomairt choimhearsnachd ann an Ceann a Deas nan Loch.

Bhon 14 gu 21 Màrt thèid àitichean-fuirich a thabhann do dhaoine anns an ionad fhèin agus mar phàirt dhen ionnsachadh bidh iad a' dol a chèilidh air daoine le Gàidhlig anns a' choimhearsnachd.

Tha an leasachadh seo air a bhith na thogail don choimhearsnachd an dèidh dhaibh buile fhaighinn an-uiridh nuair nach do shoirbhich le tagradh chun a' Chrannchuir Nàiseanta airson an togalach a leasachadh.

[Tha an aithris seo ri faighinn anns A' Ghàidheal Ùr, An Gearran 2009, d.4]

'S e deasbad a bhios ann a-nis agus bruidhnidh sibh mu dheidhinn aon chuspair bhon chùrsa **SpeakGaelic B1**. Bidh an còmhradh seo fosgailte agus farsainge. Cuiridh an sgrùdaiche ceistean ort, agus dh'fhaodadh tu ceistean a chur orrasan cuideachd. Mairidh an deasbad seo 7 - 8 mionaidean.

This is a debate question and you will speak about one of the subjects from the **SpeakGaelic B1** course. This conversation will be open and wide ranging. The examiner will ask you questions and you may ask them questions also. This debate will last 7-8 minutes.

1 - Deasbad a h-Aon

Nàbaidhean



- A bheil coimhearsnachdan a' fàs nas làidire no nas laige san latha an-diugh? Ciamar?

2 - Deasbad a Dhà

Siubhal



- Am bu chòir dhuinn stad a chur air siubhal a-null thairis air plèanaichean? Carson?

3 - Deasbad a Trì

Creideamh



- A bheil creideamh fhathast cudromach ann an saoghal an latha an-diugh? Carson?

4 - Deasbad a Ceithir

A' Ghàidhealtachd



- Nad bheachd-sa, a bheil cultar nas treasa air a' Ghàidhealtachd na tha e air a' Ghalltachd?

5 - Deasbad a Còig

Teicneòlas



- A thaobh ionnsachadh na Gàidhlig, ciamar a tha teicneòlas cuideachail agus ciamar nach eil?

6 - Deasbad a Sia

Fasan



- Dè do bheachd air gnìomhachas an fhasain? A bheil cus aodaich saor ri fhaighinn anns na bùithtean?

7 - Deasbad a Seachd


Na h-Eileanan



- A bheil coimhearsnachdan nas dlùithe anns na h-eileanan na a tha anns na bailtean-mòra nad bheachd-sa?

8 - Deasbad a h-Ochd

Ealain



- A bheil riaghaltas na dùthcha agad a' caitheamh cus airgid air gailearaidhean ealain nad bheachd-sa?

9 - Deasbad a Naoi

Miannan



- Dè as urrainn dha daoine dèanamh airson Gàidhlig ionnsachadh gu fileanta?

10 - Deasbad a Deich

Eachdraidh



- Dè dh'ionnsaich thu mu eachdraidh na h-Alba nuair a bha thu anns an sgoil?

11 - Deasbad a h-Aon-deug

So-sheasmhachd



- Dè na rudan a bharrachd a dhèanadh tu airson an àrainneachd a dhìon? A bheil ath-chuairteachadh a' dèanamh diofar?

12 - Deasbad a Dhà-dheug

Dualchas



- Dè an sgeulachd as fheàrr air a bheil thu eòlach mu dhualchas na dùthcha agad?